

Comhairle Baile Dhùn Èideann – Plana Gàidhlig 2012/17

Aithisg Dearcnachaidh Reachdail - Samhain 2013 gu Cèitean 2016

A Togail Cànan

Gealladh 1:

A' fosgladh sgoil ùr Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig (FTMG) aig Taobh na Pàirce agus a' cumail suas iomairtean foillseachaidh às leth na sgoile thairis air na ceithir bliadhna ri leantainn den Phlana.

Adhartas:

Bho dh'fhosgail Bun-sgoil Taobh na Pàirce tha àireamh iomlan sgoilearan na sgoile air fàs gach bliadhna, le àireamh sgoilearan de 287 a' toirt a-steach 57 sgoilear ann am BS1 aig cunntas-sluaigh na Sultaine 2015. Mar sin, tha iarrtas airson àiteachan aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce a' cumail glè fhallain, le 64 sgoilear, anns a' Mhàrt 2016, clàraichte airson a thighinn a-steach gu BS1 san Lùnastal 2016 a' toirt a-steach ceathrar bho thaobh a-muigh Dhùn Èideann.

Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn anailis de àireamh sgoilearan aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce mar a tha cunntas-sluaigh na Sultaine 2015 a' comharrachadh. Tha seo a' sealltainn, a rèir buidheann bliadhna, làn-àireamh nan sgoilearan a rèir sgìre agus a' sealltainn a' ghluasaid fhàsail a tha ga nochdadh mu chuibhreann àrd de sgoilearan a' frithealadh na sgoile a tha a' tighinn bho thaobh a tuath a' bhaile, gu sònraichte bhon Ear-thuath, an sgìre anns a bheil a' bhun-sgoil suidhichte. A rèir anailis a tha an Cròileagan a' toirt dhuinn tha an dàta sgìreil a' nochdadh gu bheil far a bheil Taobh na Pàirce stèidhichte air ear-thuath a' bhaile na adhbhar gu bheil cho beag de phàrantan bhon taobh a deas is bho thaobh an iar Dhùn Èideann a' roghnachadh FTMG.

A-mach às an àireamh de sgoilearan BS1 san Lùnastal 2015, bha 63.1% de na sgoilearan bho sgìre an Ear-thuath agus 82.5% bho thaobh tuath a' bhaile-mhòir. De na 60 sgoilear à Dhùn Èideann a tha clàraichte airson a thighinn gu BS1 san Lùnastal 2016, tha 38.3% bho sgìre an Ear-thuath agus 73.3% bho thaobh tuath a' bhaile-mhòir.

Sgìre	BS1	BS2	BS3	BS4	BS5	BS6	BS7	Iomlan	% Iomlan
Ear-thuath	36	20	16	8	4	3	5	92	35.1%
Iar-thuath	11	16	16	10	5	8	10	76	29.0%
Ear-dheas	7	13	10	9	9	9	5	62	23.7%
Iar-dheas	2	5	8	5	4	5	3	32	12.2%
Fo-iomlan CEC	56	54	50	32	22	25	23	262	100.0%
Taobh a-muigh na Comhairle	1	9	6	1	3	4	1	25	
Iomlan	57	63	56	33	25	29	24	287	

Tha anailis a bharrachd a fhuair a bhon Chròileagan a' nochdadh ged a tha clàraidhean airson C1 air a bhith rèidh bho dh'fhosgail Taobh na Pàirce, tha teaghlaidhean a' Chròileagan den bheachd gu bheil coltas ann gum bi clàraidhean airson tighinn a-steach gu C1 an ath bhliadhna nas àirde agus gu dearbh os cionn na h-àireimh as àirde airson tighinn a-steach de 66 sgoilear sa bhliadhna. Tha grunn chloinne 3-bliadhna a tha a' frithealadh a' Chròileagan an-dràsta nach eil a' faighinn àite san sgoil-àraich agus tha seo a' togail imcheist mu na bhios de dh'àiteachan sgoile ri fhaighinn. Tha dàta de dh'àireamhan chloinne ro-sgoile a tha a' frithealadh na sgoil-àraich agus an uair sin a' gluasad gu clas 1 aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce ri fhaighinn airson na trì bliadhna a dh'fhalbh agus chithear seo anns a' chlàr a leanas.

	Àireamh de chlann ro-sgoile san sgoil-àraich	Àireamh a' gluasad gu BS 1 san ath bhliadhna
2013-14	59	48
2014-15	53	47
2015-16	45	38

Tha dàta bhon sgoil a' nochdadh gun till 49 leanabh don sgoil-àraich san Lùnastal 2016 mar sgoilearan ro-sgoile agus 16 leanabh a bharrachd a' clàradh gus tòiseachadh mar luchd-frithealaidh ro-sgoile. Cuideachd tha 18 leanabh a' tagradh gus tòiseachadh aig ìre ro-ro-sgoile san Lùnastal 2016 a' toirt an iarrtais airson àiteachan ris a bheil dùil gu 83 leanabh. Tha seo a' sealltainn gu bheil coltas ann gum bi liosta-feitheimh de 3 leanabh ann san Lùnastal 2016. Tha an sgoil air 18 leanabh a bharrachd aithneachadh mar a bhith dligheach air a thighinn don sgoil-àraich ann an aon chuid Faoilleach no Giblean 2017 agus mar a tha cùisean aig an ìre seo chan fhaigh a' chlann sin àite san sgoil-àraich.

Tha soirbheachas Bun-sgoil Taobh na Pàirce air a bhith air leth soilleir agus air cur gu mòr ris an iarrtas seo. Ach tha solar thidsearan fhathast na dhuilgheadas. Tha oifigearan na Comhairle a' leantainn ag obair gu dlùth leis an sgoil agus com-pàirtichean, nam measg Comann nam Pàrant agus Bòrd na Gàidhlig, gus dèiligeadh gu ro-innleachdail ri ìrean luchd-obrach FTMG.

Leasachadh san àm ri teachd:

Tha feum air na cùisean a thaobh dùil iarrtais agus lànachd don deach aithne a thoirt gu h-àrd aig gach cuid Bun-sgoil Taobh na Pàirce agus an sgoil-àraich a cheangal a-steach ri ro-innleachd FTMH 0-18 nas fharsainghe, a bhios aig cridhe an dara Plana Gàidhlig a bhios aig a' Chomhairle. Chaidh tomhas-lìonaidh Bun-sgoil Taobh na Pàirce a mheasadh a rèir Stiùireadh Tomhas-lìonaidh Bun-sgoil Riaghaltas na h-Alba a chaidh fhoillseachadh san Dàmhair 2014 agus tha sin air dearbhadh gu bheil tomhas-lìonaidh 15 clas aig an sgoil an-dràsta a tha àrd gu leòr airson 66 a ghabhail a-steach gu cunbhalach. Às dèidh bhith a' tadhal air an sgoil tha e coltach gum faodar roghainnean a bhith ann airson tomhas-lìonaidh na sgoile àrdachadh tro atharrachaidhean no chleachdadh eadar-dhealaichte de bhroinn ghnàthaichte an togalaich. Ach, bhiodh feum air conaltradh mionaideach le coimhearsnachd na sgoile mus deidheadh atharrachaidhean sam bith air adhart, agus bheireadh sin a-steach buidheann-obrach le luchd-obrach is riochdairean bho Chomhairle nam Pàrant. Taobh a-staigh a' cho-theacsa seo, leis gu bheil ceangal dìreach eadar an àireamh de chloinn anns an sgoil-

Comataidh Poileasaidh is Ro-innleachd Corpóra – 17 Cèitean 2016 Duilleag 2

àraich agus an àireamh a tha a' dol air adhart gu C1 dh'fheumte beachdachadh gu faiceallach air a' bhuidheann a bhiodh aig an àrdachadh sin, a thaobh clàraidhean C1 san àm ri teachd, gu sònraichte nam biodh àrdachadh ann an tomhas-lionaidh na sgoil-àraich, gum bithear a' cuingealachadh roghainnean a thaobh àrdachadh tomhas-lionaidh aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce san àm ri teachd. Dh'fheumte lèirmheas sam bith beachdachadh air tuilleadh cleachdaidh den chom-pàirtiche cùraim 'Òganan Dhùn Èideann', gus dèiligeadh ri iarrtas airson bogadh chloinne ro-sgoile sa Ghàidhlig agus beachdachadh air cuspair teisteanachadh ro-sgoile airson luchd-obrach ann an co-bhonn le Òganan.

A thaobh fastadh luchd-teagaisg tha e comasach gum faodar beachdachadh air sanasachd a dhèanamh ann an Èirinn, airson beàrnan luchd-teagaisg ann am FTMG an Dùn Èideann a lìonadh.

Bhiodh ullachadh a thaobh ro-innleachd FTMG 0-18 a' fighe a-steach le Earrann 5 (1) den Achd Foghlaim (Alba) 2016 ùr a fhuair aonta, a tha a' nochdadh gum faod neach a tha na phàrant de leanabh a tha fo aois sgoile agus nach do thòisich a' frithealadh bun-sgoil iarrtas a chuir gu ùghdarras-foghlaim anns an sgìre far a bheil an leanabh a' fuireach gus measadh a dhèanamh air an fheum airson foghlam bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig.

Gealladh 2:

Aithne fhaighinn air dòighean gus cothrom air FTMG ro-sgoile a leudachadh air feadh a' bhaile-mhòir.

Adhartas:

Tha an Cròileagan na bhuidheann-cluiche tro mheadhan na Gàidhlig do chloinn aig aois 0-5 bliadhna agus an luchd-cùraim aca. Tha e na amas aca a bhith a' comasachadh agus a' toirt taic do ionnsachadh Gàidhlig dha gach cuid clann agus an luchd-cùraim aca ann an àrainneachd spòrsail, shocair agus fiosrachadh a thoirt seachad mu fhoghlaim tro mheadhan na Gàidhlig. Aig an àm seo tha sia seiseanan ann gach seachdain, ann an Lìte, Taobh na Pàirce agus Crois na Cìse, agus tha timcheall air 150 leanabh a' frithealadh gu cunbhalach. Bidh teaghlaichean a' siubhal bho air feadh a' bhaile-mhòir agus bho Lodainn an Ear, an Iar, Mheadhan Lodainn agus bho Fhìobha. Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, tha dragh mhòr air pàrantan a' Chròileagan gu bheileas a' diùltadh àite ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Dùn Èideann dha clann mar a tha iarrtas airson àiteachan a' sìor fhàs.

Bidh sia stiùirichean buidheann-cluiche (pàirt-ùine) a' cuideachadh le bogadh cànan ann am buidhnean. Tha seo a' toirt seachad seasmhachd agus adhartas anns na buidhnean ro-3. Bidh Òganan Dhùn Èideann, an t-solaraiche làn-chùraim airson Taobh na Pàirce, a' dèanamh ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig comasach taobh a-muigh an t-seòmair-sgoile, agus mar sin a' brosnachadh fileantais riataanaich. Bheirear an solar seo seachad bho 8.00m-6.00f. Tha gach cuid clann is inbhich a' faighinn taic aig na tràth-ìrean de FhTMG. Chithear na h-àireamhan ris a bheil dùil a bhith an làthair agus a bhith air an liosta-fheitheimh airson a' chlas àraich aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce gu h-àrd anns an ùrachadh adhartais airson gealladh 1 agus tha ìre bheag de sholar airson clann ro-ro-sgoile (3 bliadhna a dh' aois) san ath sheisean. Tha teisteanas aig ceithir deug neach-obrach Gàidhlig airson, no ag obair a dh'ionnsaigh an SVQ3 ann an Cùram

Comataidh Poileasaidh is Ro-innleachd Corporra – 17 Cèitean 2016 Duilleag 3

Cloinne. Tha cothrom aig an luchd-obrach sin a bhith ullachta airson an fhàis ris a bheil dùil ann am foghlam àraich tro mheadhan na Gàidhlig, ge bith an ann aig Taobh na Pàirce no an àite eile sa bhaile-mhòr a bhiodh sin.

Leasachadh san àm ri teachd:

Tha coltas ann gu bheil tomhas math de dh'fhianais a' tighinn am bàrr gus sealltainn gu bheil feum air sùil a thoirt air roghainnean a thaobh solar FTMG airson nan tràth-bhliadhnaichean. Tha cothrom aig Òganan 32 àite àraich a bharrachd a thabhann do chloinn, gus faochadh a thoirt don chuideam a tha a' laighe air Taobh na Pàirce. Dh'fhaodadh seo a bhith ann an àite iomchaidh eile sa bhaile-mhòr agus tha feum air Cròileagan a stèidheachadh a-rithist air taobh an iar a' bhaile-mhòir. Tha e deatamach gum bi tuilleadh leasachaidh ga dhèanamh air a' chom-pàirt a tha ann le Òganan gus coinneachadh ris an iarrtas a tha ri fàs airson FTMG ro-sgoile ann an sgìrean eile den bhaile-mhòr. Gu cudromach, mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, feumaidh leasachadh air ro-innleachd FTMG airson 0-18 aire a thoirt do leudachadh sam bith air comas thràth-bhliadhnaichean agus bidh beachdachadh faiceallach air a' bhuidhe seo a' bualadh air iarrtas san àm ri teachd airson àiteachan C1 aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce.

Gealladh 3:

Ag obair a dh'ionnsaigh toirt a-steach so-mhiann sgilean Gàidhlig aig luchd-obrach an sàs ann a bhith a' coileanadh a' PhG agus luchd-obrach sgoiltean FTMG is seirbheisean tràth-bhliadhnaichean nach eil a' teagasg.

Adhartas:

Tha dithis den luchd-obrach san oifis air a bhith an sàs ann an Ùlpan agus clasaichean eile. Chaidh beachdachadh air cuspairean fileantais am measg luchd-teagaisg tro chùrsaichean aig Sabhal Mòr Òstaig (Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean). Chaidh cothroman in-sheirbheis soirbheachail airson luchd-obrach Taobh na Pàirce a thoirt seachad le eòlaiche nàiseanta anns a' Ghàidhlig. Tha an t-Oifigear Leasachaidh Gàidhlig airson Iomairt Ghàidhlig Dhùn Èideann air clasaichean àm-lòin a chur air chois airson luchd-teagaisg a tha nan luchd-ionnsachaidh Gàidhlig aig Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig. Bidh Colaiste Abaid Newbattle a' toirt seachad Teisteanas Nàiseanta ann an Sgrùdaidhean Ceilteach agus tha maoinachadh air a thabhann tro sgoilearachd bhon Cholaiste.

Leasachadh san àm ri teachd:

Brosnaich luchd-obrach gu bhith a' gabhail ris an t-solar gu h-àrd, ag obair le com-pàirtichean ann an Newbattle (NAC), Iomairt na Gàidhlig agus cuid eile.

Gealladh 4:

A' cumail sùil air dàta clàraidh Gàidhlig agus a' dèanamh lèirmheas air ìre togail FTMG.

Adhartas:

Tha dàta mu àireamhan chloinne san sgoil agus tràth-bhliadhnaichean air a thoirt seachad gu h-àrd.

Leasachadh san àm ri teachd:

Le bhith a' dearcnachadh iarrtais agus ìre togail air àiteachan eadar 0-18 bheir seo buaidh air cumadh agus geallaidhean a tha rin leasachadh san ro-innleachd 0-18, a bhios aig cridhe an dara PG aig a' Chomhairle.

Gealladh 5:

Dèan measadh air modalan libhrigidh foghlam Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile san àm ri teachd agus leasaich roghainnean iomchaidh.

Adhartas:

Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig (ASSG) – Leasachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTMG)

- An-dràsta 81 duine òg sa phrògram FTMG.
- Bithear a' libhrigeadh FTMG suas gu deireadh Foghlam Coitcheann Farsaing
- Tha roghainn ann leantainn gu Àrd-ìre (AS4 – AS6) agus gu ìre teisteanais (Nàiseanta 5, Àrd-ìre agus Àrd-ìre Adhartach).
- Tha grunn a' leantainn air FTMG a-steach don Àrd-ìre (Nàis 5/ Àrd-ìre/ Àrd-ìre Adhartach). Bidh a' mhòr-chuid de sgoilearan a' leantainn gu Àrd-ìre Ghàidhlig, agus bidh cuid cuideachd a' leantainn gu AA Gàidhlig (gheibhear dàta ma tha iarrtas ann). Tha coileanadh làidir agus nas àirde nan ìre cuibheasach nàiseanta.
- Is e na cuspairean a thathas a' teagasg tro mheadhan na Gàidhlig F.C., Ealain, Nuadh-eòlas agus FCM.
- Chan eil cuspair sam bith air a theagasg an-dràsta tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre teisteanas SQA.
- Thathas a' tabhann Nàiseanta 5 Nuadh-eòlas tro mheadhan na Gàidhlig mar roghainn airson seisean 2016/2017. Thathas an dùil gun tèid an clas seo air adhart.

ASSG Leasachadh Foghlam Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) (FGLI)

- Thathas a' libhrigeadh FGLI air feadh a h-uile bun-sgoil co-chruinne aig ASSG le teagasg aig aon chuid BS4 no BS5 thairis air a' cho-chruinne.
- Tha Bun-sgoil Sràid Preston a' libhrigeadh Gàidhlig mar phrìomh Chànan 1+2 (L3).
- Gheibh a h-uile sgoilear ann an AS1 agus AS2 eòlas air blasad Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh a bheir seachad adhartas bho na thathas a' teagasg sa cho-chruinne bun-sgoile.
- Tha ASSG air Duais AS3 Cànanan airson Beatha is Obair a leasachadh do luchd-ionnsachaidh. Chaidh seo air adhart sna bliadhnaichean a dh'fhalbh ach chan eil iarrtas air a shon aig an àm seo.
- Bidh ASSG cuideachd a' tabhann Foghlam Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh (FGLI) aig Àrd Ìre. Chan eil iarrtas air a shon aig an àm seo.

ASSG Coileanadh nas fharsainge sa Ghàidhlig

- Tha a' Ghàidhlig air a dhaingneachadh ann am beatha agus gnè na sgoile le ìomhaigh shoilleir aice ann an tachartasan ioma-chultarail.

Comataidh Poileasaidh is Ro-innleachd Corporra – 17 Cèitean 2016 Duilleag 5

- Bidh sgoilearan a' gabhail pàirt ann an grunn fharpaisean sgrìobhaidh chruthachail is chultarail aig ìre nàiseanta a' toirt a-steach Duais Sgrìobhadairean Òga Urras Leabhraichean na h-Alba, Deasbad Nàiseanta na Gàidhlig agus Am Mòd Nàiseanta.
- Am measg chom-pàirtichean tha Comann na Gàidhlig (CNAG), Alba Eachdraidheil agus Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu.

Co-chruinne Àrd-sgoil Tynecastle – Leasachadh Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTMG)

Aig an àm seo chan eil solar idir de FhTMG ann an Co-chruinne Tynecastle no Àrd-sgoil Tynecastle.

Co-chruinne Àrd-sgoil Tynecastle – Leasachadh Foghlam Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) (FGLI)

- Tha 2 sgoil bho cho-chruinne bun-sgoile Tynecastle an-dràsta a' libhrigeadh FGLI; Bun-sgoil Stenhouse bho sgoil-àraich air adhart agus BS5 gu BS7 ann am Bun-sgoil Balgreen.
- Bhon Lùnastal 2015, thathas a' libhrigeadh FGLI ann an AS1 agus AS2 do gach neach-ionnsachaidh aig Tynecastle.
- Tha solar FGLI aig an sgoil air dùblachadh ann an 2015/2016 agus tha solar a-nis a' leantainn air adhart gu AS2. Thathas ag ullachadh airson am modal seo leantainn gu AS3.
- Tha leth den bhuidhinn bhliadhna a' leantainn air prògram adhartach de FGLI bhon bhun-sgoil agus an leth eile (a bha roimhe seo a' sgrùdadh Mandarin) a' leantainn air prògram luchd-tòiseachaidh FGLI.
- Tha an luchd-obrach air an roinneadh eadar Àrd-sgoil Tynecastle agus ASSG. Tha seo na adhbhar beachdachaidh dha Tynecastle ann a bhith a' gluasad air adhart agus a' dealbhadh a dh'ionnsaigh chùrsaichean A3.
- Tha a' Ghàidhlig air a daingneachadh gu soirbheachail ann am beatha is gnè mòran de na sgoiltean a tha a' libhrigeadh gach cuid solar FTMG is FGLI. Tha soidhnichean soilleir aig Bun-sgoil Stenhouse air feadh na sgoile agus tha còisir Ghàidhlig aca.

Coileanaidhean nas Fharsainghe aig Tynecastle FTMG is FGLI

Raon de phròiseactan FGLI a' toirt a-steach phròiseactan com-pàirt le Alba Eachdraidheil aig gach cuid Bun-sgoil Stenhouse agus Àrd-sgoil Tynecastle.

Leasachadh san àm ri teachd:

Tha àrdachadh air a thighinn anns an àireamh de theaghlaicean a tha a' roghnachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig don cuid chloinne bho dh'fhosgail Taobh na Pairce ann an 2013. Mar thoradh air seo tha àrdachadh anns an iarrtas airson àiteachan FTMG aig ASSG. Chaidh Buidheann-obrach, a' toirt a-steach buill taghta, oifigearan Comhairle agus prìomh luchd-dèiligidh a stèidheachadh gus cothrom a thoirt don Chomhairle conaltradh a dhèanamh le prìomh luchd-dèiligidh gus beachdachadh air roghainnean airson dèiligeadh ris na cuspairean comais ris a bheil dùil aig ASSG agus leigeil leotha a thighinn gu suidheachadh seasmhach.

Choinnich a' Bhuidheann-obrach ceithir tursan eadar 31 Màrt 2016 agus 17 Cèitean 2016 agus air 24 Cèitean 2016 bheachdaich Comataidh Foghlam, Chloinne is Teaghlaicean air aithisg a tha a' toirt seachad ùrachadh a thaobh na bheachdaich a'

Comataidh Poileasaidh is Ro-innleachd Corpóra – 17 Cèitean 2016 Duilleag 6

Bhuidheann-obrach, na co-dhùnaidhean don tàinig iad agus moladh mun t-slighe air adhart.

Mhinich an aithisg gun robh deagh adhartas air a dhèanamh agus slighe shoilleir air adhart a stèidheachadh bho 1 Màrt 2016. Stèidhichte air sealladh air adhart an-dràsta, chaidh fuasgladh fhaighinn air an duilgheadas comais ris an robh dùil aig ASSG airson an Lùnastail 2017. Bheir seo ùine seachad gus làn-bheachdachadh a dhèanamh air an fhuasgladh mheadhan-ùine as fheàrr agus tha coltas ann gun tèid moladh gun stèidhichear goireas Darroch mar thogalach-taice leantainneach do gach cuid Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig agus Àrd-sgoil Boroughmuir. Leigeadh seo cothrom dèiligeadh ri duilgheadasan comais aig gach cuid ASSG agus ASB agus aig an aon àm a bhith a' glèidheadh solar FTMG àrd-sgoile aig ASSG suas gu 2021 (tuairmse).

Stèidhichte air an àireamh as ùire de sgoilearan ris a bheil dùil, eadhon le bhith a' cleachdadh Darroch mar thogalach-taice leantainneach airson gach cuid Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig agus Àrd-sgoil Boroughmuir, tha coltas ann gun nochd cuspair comais fhathast nas fhaide air adhart na 2021. Mar sin bhiodh cleachdadh Darroch dìreach na fhuasgladh gearr-ùine gu meadhan-ùine agus dh'fheumte fuasgladh fad-ùine fhathast a lorg airson FTMG àrd-sgoile ach bhiodh seo fiosraichte leis an obair a thathas a' dealbhadh a dhèanamh a thaobh ro-innleachd airson Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig 0-18.

Thèid beachdachadh air ro-innleachd san àm ri teachd airson FTMG aig ìrean tràth-bhliadhnaichean, sgoil-àraich, bun-sgoile is àrd-sgoile agus bidh seo mar phàirt de Phlana Gàidhlig farsaing atharraichte na Comhairle. Thèid an ro-innleachd seo a chodhasachadh eadar oifigearan Comhairle bho Choimhearsnachdan is Theaghlaichean agus riochdairean bho choimhearsnachd na Gàidhlig tro Bhuidheann-stiùiridh Coileanaidh na Gàidhlig agus thèid seo a thoirt gu coinneamh san àm ri teachd de Chomataidh Foghlam, Chloinne is Teaghlaichean airson beachdachadh.

Cuidichidh an ro-innleachd seo le fiosrachadh mu sholar FTMG aig gach ìre san àm ri teachd a' leigeil leis a' Chomhairle beachdachadh air dòighean anns am bi e comasach FTMG sa bhaile-mhòr a thoirt air adhart le tuilleadh adhartais.

Cumar a' leasachadh FGLI aig Àrd-sgoil Tynecastle. An-dràsta tha FGLI ga thoirt seachad suas gu AS2, agus is an e an t-amas seo a leudachadh gus dèanamh cinnteach gum faigh na sgoilearan a tha an-dràsta a' sgrùdadh na Gàidhlig an cothrom leantainn air an sin sna bliadhnaichean ri teachd.

Gealladh 6:

Beachdaich air tuilleadh chuspairean sa churraicealaim air an teagasg tron Ghàidhlig airson clasaichean gnàthaichte àrd-sgoile.

Adhartas:

Aon tidsear FC le Gàidhlig air fhastadh airson ASSG. Bha FC, Eachdraidh, Cruinn-eòlas, Ealan agus FCM tro mheadhan na Gàidhlig rim faighinn airson AS1 agus AS2.

Leasachadh san àm ri teachd:

Tha gainead luchd-obrach ann am FTMG aig ìre àrd-sgoile feumach air eadar-theachd bho Riaghaltas na h-Alba gus aithne fhaighinn air dè na cuspairean a bu chòir prìomh thaic fhaighinn, agus gus tidsearan a bhrosnachadh airson a thighinn gu FTMG. Gus an tachair sin, bu chòir an sgeama GIFT, anns a bheil an-dràsta aon thidsear bho CDE a'

Comataidh Poileasaidh is Ro-innleachd Corporra – 17 Cèitean 2016 Duilleag 7

trèanadh ann am FTMG, a chleachdadh gus a bhith a' brosnachadh tidsearan freagarrach a thighinn a' thrèanadh. Nì àrd-mhanaidsearan foghlaim lèirmheas air sgeama GIFT le àrd-mhanaidsearan HR ann an co-bhonn ri Ceannardan Sgoile buntainneach.

Gealladh 7:

Taic do leasachadh, ann an co-bhonn le Comann nam Pàrant, de ghnìomhachd Gàidhlig a bharrachd air taobh a-muigh na sgoile.

Adhartas:

A bharrachd air cho soirbheachail sa tha Ògan an Dhùn Èideann, chaidh Oifigear Òigridh is Coimhearsnachd ùr a chuir san dreuchd airson Iomairt Ghàidhlig Dhùn Èideann. Thathas an dùil bùthan-obrach, clasaichean fìdhleachd agus uairean spòrsail a thabhann aig Taobh na Pàirce airson clann aig diofar aoisean sa bhun-sgoil. Aig ìre àrd-sgoile, tha an t-oifigear-iomairt ag amas air club-lòin seachdaineil a ruith airson sgoilearan tro mheadhan na Gàidhlig. Thathas ag amas air dràma agus barrachd leughaidh a thoirt a-steach san ràithe ri thighinn, a' cleachdadh seirbheisean neach a bha san sgoil a bhios ag obair leis an dà thidsear Gàidhlig. Thathas a' rannsachadh turais gu Canada an-dràsta.

Leasachadh san àm ri teachd:

Cùm sùil air an ìre dhan tèid gabhail ris a' ghnìomhachd gu h-àrd leis gu bheil iad cudromach mar mheadhan air coimhearsnachd Ghàidhlig na sgoile a chumail còmhla.

Gealladh 8:

Cùm ag àrdachadh inbhe FTMG air feadh campa na sgoile gu h-iomlan (àrd-sgoile) tro thachartasan cultarail is ealain Ghàidhlig.

Adhartas:

Nuair a chaidh Àrd-sgoil ùr Sheumais Ghilleasbaig fhosgladh, bhruidhinn Ministear Riaghaltas na h-Alba, Alasdair MacAilein BPA, agus Ceannard-sgoile Dòmhnall Dòmhnallach ris an luchd-èisteachd anns a' Ghàidhlig. Mar ionad airson gnìomhachd chultarail Ghàidhlig, thug an sgoil aoigheachd do chòmhlàn-pioba, agus do theagasg clàrsaich, fìdhle, agus bogsa-ciùil; cuideachd club-iomain agus còisir Ghàidhlig.

Leasachadh san àm ri teachd:

Gluais air adhart le ùidh ann an àrdachadh de shoidhnichean Ghàidhlig san sgoil; tabhann barrachd chlasaichean Ghàidhlig do luchd-obrach agus beachdaich air a bhith tabhann barrachd chlasaichean Ghàidhlig do phàrantan.

Gealladh 9:

Dèan measadh air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig toirt a-steach luchd-taic le teisteanas Ghàidhlig san sgoil-àraich Ghàidhlig; dèan measadh air slighean adhartais gu inbhe làn àraich.

Adhartas:

Tha 14 neach-obrach (làn-thìde is pàirt-ùine) aig solaraichean com-pàirt Ògan an Dhùn Èideann, gach aon dhiubh le Gàidhlig, a' toirt taic do fhoghlam thràth-bhliadhnaichean. Tha iad mu thràth air an trèanadh, no bidh iad a dh'aithghearr, air an trèanadh gu ìre SVQ3. Tha an luchd-obrach sin nam 'filltichean' agus dh'fhaodadh iad gluasad gu meuran eile de FTMG, mar eisimpleir, dhan sgoil-àraich aig Taobh na Pàirce. Tha comas aig Ògan an 32 àite clann sgoil-àraich a bharrachd a thabhann, gus faochadh a thoirt don chuideam a tha air Taobh na Pàirce. Dh'fhaodadh seo a bhith aig àite iomchaidh eile anns a' bhaile-mhòr.

Leasachadh san àm ri teachd:

Nì a' Chomhairle dearcnachadh agus an cleachdadh as fheàrr den luchd-obrach seo a chaidh an trèanadh agus a tha air nochdadh tro Ògan an.

Gealladh 10:

Taisbean buannachdan Foghlam Ionnsachaidh Gàidhlig (FIG) am measg cheannardan-sgoile tro choinneamhan co-chruinne àrd-sgoiltean is bun-sgoiltean ann an caidreachas. Lean air adhart le trèanadh bliadhnaile thidsearan ann an GLIB gus a bhith a' neartachadh solar co-chruinne.

Adhartas:

Tha àrdachadh air a thighinn ann an solar FTMG. Tha seirbheis mhath a-nis aig a' Chomhairle airson dà cho-chruinne, ASSG agus AST. Thug Riaghaltas na h-Alba maoinachadh seachad airson trèanadh thidsearan. Tha sgoilearan a tha ag ionnsachadh Gàidhlig tron sgeama aig BS Stenhouse a-nis nan 'Luchd-iùil Turais' aig Caisteal Dhùn Èideann, a' cleachdadh Gàidhlig shimplidh. Tha sgoilearan FGLI bho Bhun-sgoil Stenhouse air a bhith aig cuairtean deireannach 'Duaisean Foghlaim' Foghlam Alba. Tha Bun-sgoil Stenhouse cuideachd air a bhith ann an cuairtean deireannach Duaisean Foghlam Alba airson an cuid obrach ann an solar Cànan 1+2. Tha an Oifigear Leasachaidh Iomairt air luchd-ionnsachaidh a thoirt an sàs aig Àrd-sgoil Tynecastle ann a bhith ag ullachadh sgrìobt Gàidhlig mu sgeulachd na h-Iolair, ann an co-bhonn le Leabharlann Nàiseanta na h-Alba. Chaidh an dealbh-chluich seo a thaisbeanadh don choimhearsnachd, agus thug e a-steach turas leis na sgoilearan gu Leòdhas is na Hearadh. Ghabh 20 sgoilear FGLI bho BS Stenhouse le taic làidir bhom pàrantan pàirt anns a' Mhòd Ionadail aig Taobh na Pàirce. Dh'ionnsaich sgoilearan FGLI òran Gàidhlig don luchd-èisteachd aig tachartas Nollaige aig Colaiste Newbattle.

Leasachadh san àm ri teachd:

Tha oifigearan na Comhairle a' leantainn orra a' brosnachadh agus a' leasachadh FGLI a rèir dealbhadh ro-innleachdail gach cuid Gàidhlig is Cànanan 1+2. Thèid raon de chothroman trèanadh airson FGLI a bhrosnachadh air feadh a' bhaile-mhòir, le aire shònraichte ann an co-chruinne Tynecastle agus ASSG, far a bheil am feum as motha. Bheir iad sin a-steach seiseanan blais, cùrsaichean goirid agus an làn-chùrsa GBS. Bithear a' taisbeanadh nam buannachdan bho FGLI am measg cheannardan-sgoile tro choinneamhan co-chruinne de àrd-sgoiltean is bun-sgoiltean co-cheangailte. Leantar le trèanadh bliadhnaile ann an GBS gus solar co-chruinne a dhaingneachadh.

Comataidh Poileasaidh is Ro-innleachd Corpóra – 17 Cèitean 2016 Duilleag 9

Gealladh 11:

A' Chomhairle gu bhith a' cur ri foillseachadh stuthan foghlaim Ghàidhlig aontaichte aig ìre nàiseanta.

Adhartas:

Thèid stuthan Feumalachdan Taic a Bharrachd a chaidh a chruthachadh le neach-labhairt Gàidhlig air a dhreuchd a leigeil dheth bho CDE fhoillseachadh le Stòrlann. Fhuair an cùrsa airson thidsearan GBS a chaidh a chruthachadh le tidsear/neach-teagaisg CDE creideas bho Chomhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba.

Leasachadh san àm ri teachd:

Lean le bhith ag aithneachadh cleachdaidh as fheàrr le beachdan gam foillseachadh am measg nan tidsearan Gàidhlig is eile.

Gealladh 12:

Taic dha tidsearan airson co-labhairtean bliadhnail nàiseanta FTMG a fhrithealadh.

Adhartas:

Tha e comasach do gach tidsear eadar 's gu bheil iad air an ùr-theisteanachadh no le làn-eòlas co-labhairtean iomchaidh a fhrithealadh. Ach, tha e duilich an-còmhnaidh, cuideigin fhaighinn nan àite.

Leasachadh san àm ri teachd:

Bithear a' foillseachadh chothroman teagaisg mar chùrsa-beatha am measg nan sgoilearan as sine ann am FTMG aig ASSG.

Gealladh 13:

Stèidhich ìrean bunaiteach de chleachdadh Gàidhlig ann an dachaighean FTMG, le iomradh air ìrean fileantais agus gabhail ri cothroman ionnsachaidh.

Adhartas:

Fhrithheil 20 pàrant clasaichean latha is feasgair a chuir Colaiste Abaid Newbattle air chois aig Taobh na Pàirce airson aon teirm. Chaidh Blasad Gàidhlig a thoirt seachad airson sia seachdainean ron Nollaig ann an Newbattle. Thug 'Nollaig aig Newbattle' a-steach pàrantan FTMG, a' Chòisir Ghàidhlig agus cluicheadairean clàrsaich bho TnP. Chaidh clasaichean Gàidhlig air adhart dha pàrantan. Bha clasaichean Ùlpan rim faighinn sa Ghàidhlig aig 6 ìrean ann an Acadamaidh Lìte dha pàrantan is cuid eile. Bidh an OL lomairt a' tabhann chlasaichean Gàidhlig dha pàrantan gach cuid tron latha agus às dèidh na sgoile.

Leasachadh san àm ri teachd:

Tha a' Chomhairle dol a bheachdachadh air taic ionmhais, a' cleachdadh an Tabhartais Shònraichte no Maoin Coileanaidh a Bharrachd don Ghàidhlig, gus leigeil le pàrantan clasaichean Gàidhlig a fhrithealadh. Tha Bun-sgoil Taobh na Pàirce air seo aithneachadh mar phrìomh chuspair nuair a tha iad an sàs le pàrantan.

Comataidh Poileasaidh is Ro-innleachd Corporra – 17 Cèitean 2016 Duilleag 10

Gealladh 14:

Ceangal eadar buidhnean lìbhrigidh ionnsachaidh inbheach agus luchd com-pàirt, com-pàirt ann am Buidheann Lèirmheas Ionnsachaidh is Leasachaidh Coimhearsnachd agus ag obair a dh'ionnsaigh solar co-òrdanaichte air feadh a' bhaile.

Adhartas:

Tha na diofar bhuidhnean air a bhith ag obair gu math còmhla airson an solar a chaidh ainmeachadh gu h-àrd a stèidheachadh aig Newbattle, Acadamaidh Lìte agus Taobh na Pàirce. Gheibhear Teisteanas Nàiseanta ann an Sgrùdaidhean Ceilteach agus gu sgrùdaidhean Foghlam Àrd-ìre ann an Sgrùdadh Ceilteach (SWAP) aig Newbattle. Tha na cùrsaichean sin a' toirt na Gàidhlig a-steach. Bha SWAP na phileat le 5 oileanaich ann an 2014, agus tha coltas ann gum bi 9 oileanaich anns a' chlas an ath bhliadhna.

Leasachadh san àm ri teachd:

Leanaidh Buidheann Lèirmheas CLD a' dearcnachadh agus a' dèanamh atharrachaidhean mionaideach air solar Gàidhlig dha inbhich air feadh a' bhaile-mhòir. Feumaidh Buidheann Lèirmheas CLD gnìomhachd iomchaidh aontachadh às dèidh beachdachaidh air an Ro-innleachd Ghàidhlig Nàiseanta dha Inbhich, ris a bheil dùil a dh'aithghearr.

Gealladh 15:

Cunntas de luchd-obrach na Comhairle air luchd-labhairt, luchd-leughaidh, luchd-sgrìobhaidh agus luchd-ionnsachaidh (le comas) na Gàidhlig.

Adhartas:

Air sgàth prìomhachasan gnìomh co-cheangailte ri bhith a' leasachadh foghlaim Ghàidhlig, cha deach an sgrùdadh seo air adhart.

Leasachadh san àm ri teachd:

Gus a bhith a' seachnadh tional fiosrachaidh a thèid no is dòcha nach tèid a chleachdadh, cuingealaich gnìomhachd san raon seo gu bhith a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh am measg an sgioba obrach. Bu chòir ùidh ann an ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig am measg luchd-obrach na Comhairle a dhearbhadh tro chuairt-litir le cead bho roinn Conaltraidhean Corporra.

Gealladh 16:

Trèanadh ann am Mothachadh Gàidhlig (TMG) ga thabhann do luchd-obrach fàilteachaidh is ionadan fios, agus iadsan a tha an sàs ann an coileanadh a' PhG.

Adhartas:

Thathas an dùil gun tèid an gnìomh seo air adhart tro 2016/17.

Leasachadh san àm ri teachd:

Faigh aithne air luchd-obrach don deidheadh trèanadh a thabhann mu chuspair cudromas buaidh na Gàidhlig air eachdraidh is cultar na h-Alba. Thèid cuairt-litir a gheibh cead bho roinn Goireasan Corporra a chur gu teachdaichean uile air a bheil eòlas againn gus ùidh ann an TMG aithneachadh.

Gealladh 17:

Cothrom fosgailte do luchd-obrach na Comhairle air cùrsaichean Ulpan.

Adhartas:

Leis nach urrainn an cùrsa Ùlpan a dhol air adhart air nas lugha na dà sheisean san t-seachdain, chaidh leasan an dhealbh an neach-teagaisg a ruith airson buidheann de dh'inbhich, a thug a-steach ceithir neach-obrach agus dithis a b' àbhaist a bhith ag obair aig a' Chomhairle.

Leasachadh san àm ri teachd:

Mar a tha gu h-àrd: thèid cuairt-litir a gheibh cead bho Ghoireasan Corporra a chur gu luchd-obrach buntainneach na Comhairle gus measadh a dhèanamh air an ùidh a tha ann ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.

B. Cleachdadh Cànan

Gealladh 18:

Leasaich solar sòisealta tro mheadhan na Gàidhlig dha daoine òga stèidhichte air gnìomhachd FTMG.

Adhartas:

Bidh Sradagan (clubaichean-òigridh) a' cumail sheiseanan mìosail airson ìre àrd bun-sgoil ann an Taobh na Pàirce. Thèid iad sin a leudachadh gu àrd-sgoil ann an 2015-2016. Ghabh sgoilearan FTMG pàirt ann an deasbadan, seiseanan airson dèanamh fhilmean, ball-coise agus iomain.

Leasachadh san àm ri teachd:

Thathas a' dealbhadh choinneamhan mìosail aig ASSG dha pàrantan sgoilearan FTMG ann an seisean 2015-2016. A bharrachd air a bhith ag àrdachadh ùidh am measg phàrantan ag ìre àrd-sgoile, faodaidh na seiseanan sin a bhith a' toirt spionnadh do bhith a' brosnachadh gnìomhachd sòisealta eile am measg sgoilearan m.e. sgiobaidhean ball-coise. Bidh an t-Oifigear Leasachaidh Iomairt a' conaltradh ris an OI ann an Glaschu gus farpais cheistean a chur air chois airson sgoilearan FTMG. Tha i cuideachd a' dealbhadh cairtean-cuibhle, bùthan-obrach seinn, farpaisean ball-coise agus pàrtaidh Samhna. Bidh Sgoil Chiùil Naomh Muire a' taisbeanadh Cuirm Ghàidhlig Nollaige san t-seipeall aca. Tha an t-Oifigear Gàidhlig aig Oilthigh Dhùn Èideann còmhla ris an OI a' dealbhadh Seachdain Ghàidhlig airson Dùn Èideann eadar 19 - 24 Dàmhair. Chaidh an 't-Seachdain' seo air adhart gu soirbheachail gach bliadhna airson dà bhliadhna roimhe seo.

Gealladh 19:

Leasaich gnìomhachd choimhearsnachd tron Ghàidhlig agus rannsaich leasachadh na h-oifis choimhearsnachd Gàidhlig gnàthaichte mar àite-cruinneachaidh agus lorg goireasan airson àite ùr ma thèid feum air aithneachadh.

Adhartas:

Chaidh oifis na coimhearsnachd Ghàidhlig a stèidheachadh aig Taobh na Pàirce anns an àite far an robh taigh an dorsair. Chaidh fhosgladh gu h-oifigeil le oidhche càise is fion. Chaidh a sgeadachadh mar thoradh air oidhirpean OL na h-Iomairt. Tha leabharlann coimhearsnachd beag ann. Mu thràth chaidh tachartasan leithid seinn coimhearsnachd (gach seachdain) fo stiùir seinneadair Gàidhlig, agus clasaichean Tai Kwan Do tron Ghàidhlig, air adhart. Bidh an t-àite glè fheumail airson clasaichean Ùlpan. Thathas a' beachdachadh air beachdan airson tachartasan coimhearsnachd fo stiùir an OL Iomairt a chuireas fios timcheall na coimhearsnachd Ghàidhlig tro phuist-d gach cola-deug. Tha ceanglaichean leis a' choimhearsnachd ionadail a' fàs. Tha tachartasan a' toirt a-steach madainnean cofaidh, air an ruith le pàrantan, ceangal le Fèis Machair Lìte. Ceanglaichean air an stèidheachadh le Comhairlean Coimhearsnachd Lìte is Newhaven agus Caraidean Pàirc Pilrig.

Leasachadh san àm ri teachd:

Bu chòir don Chomhairle leantainn air toirt taic don obair mhath a tha an OL Iomairt a' dèanamh ann a bhith a' brosnachadh na h-oifis coimhearsnachd mar ionad airson gnìomhachd coimhearsnachd Ghàidhlig.

Gealladh 20:

Leasaich Lìonra Fiosrachaidh Gàidhlig.

Adhartas:

Tha an OL Iomairt an-dràsta a' stèidheachadh seo airson na coimhearsnachd. Thèid na "puist-d gach cola-deug" air an deach aithris gu h-àrd a chur a-mach gu barrachd is barrachd sheòlaidhean stèidhichte air liostaichean den fheadhainn aig a bheil ùidh anns a' Ghàidhlig a chaidh a chumail leis na grunn bhuidhnean Gàidhlig ann an Dùn Èideann.

Leasachadh san àm ri teachd:

Gheibh oifigearan coimhearsnachd na Comhairle is oifigearan leasachaidh barrachd fios mun lìonra a tha a' tighinn am bàrr.

Gealladh 21:

Rannsaich tuilleadh cleachdadh sheòmraichean coimhearsnachd ann an leabharlannan airson gnìomhachd coimhearsnachd.

Adhartas:

Le taic bho stiùirichean cròileagain, thathas a' cur air chois seiseanan 'Bookbug Gàidhlig' aig grunn leabharlannan ann an Dùn Èideann. Thathas a' sgaoileadh Bagannan Bookbug, anns a bheil eadar-theangachaidhean de na leabhraichean a nochdas anns na 'Bagannan Bookbug' cunbhalach, gu clann fo aois a còig agus na teaghlaichean aca gus am faigh iad tlachd bhuapa còmhla.

Comataidh Poileasaidh is Ro-innleachd Corporra – 17 Cèitean 2016 Duilleag 13

Leasachadh san àm ri teachd:

Leanadh an obair ùr seo ann an com-pàirt le seirbheis an Leabharlainn.

Gealladh 22:

Dèan sanasachd air cothroman FTMG gu dà-chànanach airson àiteachan sgoile, a' cleachdadh postairean agus bileagan FTMG.

Adhartas:

Tha FTMG air a shanasachadh ann an litreachas sruthaidh ro-sgoile is bun-sgoile na Comhairle agus air làrach-lìn na Comhairle. Tha roinn Ghàidhlig air làrach-lìn CDE, leis an fhiosrachadh as ùire mu sholar Gàidhlig agus le ceanglaichean gu buidhnean Gàidhlig. Bithear a' sanasachd aig ìre ionadail gus fios a thoirt dha pàrantan mu chothroman air FTMG dha clann ro 3 bliadhna.

Leasachadh san àm ri teachd:

Thèid cumail ris na thathas air a rèiteachadh.

Gealladh 23:

Rannsaich cothroman air sgrìobhaidhean is dealbhan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig ann an irisean Comhairle agus meadhanan ionadail eile.

Adhartas:

Anns na chaidh fhoillseachadh gu nàiseanta a thaobh fosgladh nan togalaichean ùra aig ASSG, chaidh iomradh a thoirt air òraidean sa Ghàidhlig leis a' Cheannard-sgoile, Dòmhnall Dòmhnallach, agus Ministear Riaghaltas na h-Alba, Alasdair MacAilein BPA. Thathas a' stèidheachadh lionra conaltraidh agus iad sin air an ùrachadh leis an OL Iomairt gus a bhith a' foillseachadh tachartasan Gàidhlig.

Leasachadh san àm ri teachd:

Bidh an OL Iomairt agus Seirbheis Conaltraidh na Comhairle a' bruidhinn ri chèile gus aithne fhaighinn air na seanailean meadhain as fheàrr airson a' Ghàidhlig a bhrosnachadh taobh a-staigh na Comhairle.

Gealladh 24:

Coilean Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig na Comhairle.

Adhartas:

Tha dàil aig an àm seo ann a bhith a' cur Oifigear Ealain Ghàidhlig an dreuchd leis gu bheil prìomh lèirmheas san amharc de Ro-innleachd Cultarail na Comhairle, a bharrachd air lèirmheas buidhneil den t-seirbheis chultair.

Leasachadh san àm ri teachd:

Cùm a' togail cho cudromach is a tha Oifigear Ealain Ghàidhlig, agus a bhith a' coileanadh Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig, fhad 's a tha lèirmheas a' dol air adhart air an ro-innleachd is an t-seirbheis chultair. Dèan cinnteach gun tèid làn-iomradh a thoirt air gach gnìomhachd ealain Ghàidhlig san treas aithisg dearcnachaidh. Dèan cinnteach

Comataidh Poileasaidh is Ro-innleachd Corporra – 17 Cèitean 2016 Duilleag 14

gum faigh an Stiùiriche Gnìomh ùr aig Ro-innleachd is Eaconamaidh a' Bhaile-mhòir làn-ullachadh a thaobh na Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig agus cuspairean co-cheangailte ri sin.

Gealladh 25:

Leasaich tuilleadh phròiseactan ealain òigridh Gàidhlig.

Adhartas:

Faic gu h-àrd iomraidhean air pròiseactan ealain coimhearsnachd Gàidhlig fo ghealladh 17, gu sònraichte Seachdain na Gàidhlig an Dùn Èideann, 19mh - 24mh Dàmhair, 2015. Chaidh seo air adhart gu soirbheachail anns an dà bhliadhna a dh'fhalbh. A bharrachd air sin, tha gnìomhachd fa leth air a bhith air a cur air adhart le Iomairt Ghàidhlig Dhùn Èideann, Comann nam Pàrant, agus na sgoiltean far a bheil FTMG agus Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh gan tabhann.

Leasachadh san àm ri teachd:

Leudaich solar de gnìomhachd ealain do dhaoine òga. Ann am PG na Comhairle tha gealladh gum feuchar ris a' Mhòd fhaighinn a Dhùn Èideann ann an 2023-2024 (an aon bhliadhna a chaidh aithneachadh le Comataidh a' Mhòid). Ann an còmhraidhean tràth le Cathraiche Comataidh a' Mhòid chaidh a nochdadh gun robh duilgheadas ann mu chosgaisean àrd airson thallaichean is àiteachan-fuirich ann am meadhan baile Dhùn Èideann, dha luchd-frithealaidh is luchd com-pàirt a' Mhòid. Ann an tuilleadh conaltraidh, chaidh aithneachadh gum faodadh sgìre Lìte a bhith na àite freagarrach. Tha conaltradh a' leantainn air a' chuspair seo. Mar phàirt de bhith a' toirt a' ghealladh seo air adhart, bidh dreuchd Oifigear Ealain Ghàidhlig gu math deatamach, no dleastanas ealain Ghàidhlig ga thoirt do dhreuchd oifigear ealain eile, gus dèanamh cinnteach gun tèid oidhirpean san àm ri teachd a cho-òrdanachadh.

Gealladh 26:

Taic dha luchd-ealain ionadail/farsaingeachd/leasachadh Fèisean

Adhartas:

Thathas a' brosnachadh duaisean ealain lèirsinneach is ciùird tro ghrunn lìonraidhean is bhuidhnean a tha a' toirt a-steach bhuidhnean far am faigh luchd-labhairt na Gàidhlig fiosrachadh ann am Beurla, m.e. Ionad Sgeulachdan na h-Alba, Alba Chruthachail. Tha na duaisean sin airson daoine fa leth, chan ann airson bhuidhnean. Tha luchd-labhairt na Gàidhlig air tagraidhean a dhèanamh.

Leasachadh san àm ri teachd:

Thoir a-steach buidhnean Gàidhlig air an liosta-chuairteachaidh airson na duaisean a bhrosnachadh.

Gealladh 27:

Dèan sgrùdadh air roghainnean gus gnìomhachd Ghàidhlig a thoirt a-steach mar phàirt de Dhoras Thiogaidean Pròiseact Pileit Dhùn Èideann.

Comataidh Poileasaidh is Ro-innleachd Corporra – 17 Cèitean 2016 Duilleag 15

Adhartas:

B' e pròiseact pileit a bha seo na nàdar, agus chaidh sgrùdadh a dhèanamh air agus a dhùnadh sìos ann an 2013

Leasachadh san àm ri teachd:

Pàipear roghainnean a dheasachadh airson cothroman a ghabhail gus ionad/bunait ealain Gàidhlig a leasachadh, ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean coimhearsnachd, Seirbheis Stiùiridh Ro-innleachd is Eaconamaidh a' Bhaile-mhòir gus am bi sanasachd nas fheàrr ga dhèanamh mu thachartasan ealain Ghàidhlig. Co-cheangailte ri seo, dh'fhaodadh e a bhith comasach feum nas fheàrr a dhèanamh den oifis choimhearsnachd Ghàidhlig a chaidh a stèidheachadh aig Taobh na Pàirce.

Gealladh 28:

A bhith ag obair le com-pàirtichean gus a bhith ag aithneachadh cheanglaichean gnàthaichte leis a' Ghàidhlig ann am poileasaidhean agus ro-innleachdan turasachd.

Adhartas:

Chan eil e air a bhith comasach seo a dhèanamh taobh a-staigh na h-ìre de luchd-obrach a tha aig a' Chomhairle aig an àm seo. Ach, tha còmhraidhean a' dol air adhart aig ìre nàiseanta eadar Tadhail Alba agus Riaghaltas na h-Alba co-cheangailte ri seo.

Leasachadh san àm ri teachd:

Dèan cinnteach gum bi a' Chomhairle ag obair nas dlùithe le buidhnean eile ann an Dùn Èideann gus an cleachdadh as fheàrr agus goireasan buidhne nas fheàrr a roinneadh airson PG a choileanadh.

Gealladh 29:

Cleachdadh Gàidhlig aig ionad-fàilteachaidh na Comhairle, fònaichean, puist-d, gearanan agus coinneamhan poblach agus dèan cunntas air an àireamh de luchd-obrach le Gàidhlig a tha sa phrìomh oifis le sùil gun cleachdar an luchd-obrach sin a tha deònach taic a thoirt aig ionadan-fàilteachaidh dha luchd-tadhail a tha airson a' Ghàidhlig a chleachdadh.

Adhartas:

Cha robh e comasach an obair seo a dhèanamh mar thoradh air dìth luchd-obrach airson an sgrùdadh seo a dhealbhadh agus a chur an gnìomh, agus iarrtasan eile air ar goireasan-obrach le luchd-obrach an sàs ann an atharrachaidhean buidhne.

Leasachadh san àm ri teachd:

Dèan lèirmheas air abhdhar an sgrùdaidh seo.

Gealladh 30:

Soidhnichean a tha a' tabhann taic anns a' Ghàidhlig aig ionadan-fàilteachaidh na Comhairle agus aig togalaichean eile adhartachadh.

Adhartas:

Tha soidhnichean rim faicinn aig Taobh na Pàirce. Cuideachd, ann an Roinn FTMG aig ASSG.

Leasachadh san àm ri teachd:

Tha Seirbheis Riaghlaidh Ghoireasan an-dràsta ann am meadhan lèirmheas mòr buidhneil, agus às dèidh sin, nì iad measadh air diofar mhodalan, agus thig adhartas air an t-solar seo, le planaichean airson Prìomh sheòmraichean a' Bhaile-mhòir agus Cùirt Waverley. Thèid na soidhnichean a leasachadh le sgoilearan aig Taobh na Pàirce.

Gealladh 31:

Oifisean sgoile FTMG agus ionadan-fàilteachadh gu bhith ag àrdachadh na tha ri fhaighinn de luchd-obrach le Gàidhlig tro phrògram saor-thoileach agus soidhnichean iomchaidh.

Adhartas:

Chaidh seo a choileanadh mu thràth – faic Gealladh 3 gu h-àrd.

Leasachadh san àm ri teachd:

Lean a' dèanamh cinnteach gu bheil soidhnichean ann an oifisean sgoile agus ionadan-fàilteachaidh.

Gealladh 32:

Eadar-mhìneachadh mar-aon gu bhith ri fhaighinn aig tachartasan sònraichte Gàidhlig.

Adhartas:

Tha seo a-nis mar chleachdadh àbhaisteach aig gach prìomh thachartas Gàidhlig leis a' Chomhairle.

Leasachadh san àm ri teachd:

Dèan cinnteach gun cùm seo a' dol mar chleachdadh àbhaisteach.

Gealladh 33:

Thoir a-steach teachdaireachdan dà-chànanach air guth-fios pearsanta airson luchd-labhairt na Gàidhlig a tha a' dèanamh obair co-cheangailte ri Gàidhlig.

Adhartas:

Cha d'rinneadh adhartas sam bith leis a' ghealladh seo. Ach, bheir na duilleagan Gàidhlig air làrach-lìn na Comhairle a-steach eadar-theangachaidhean Gàidhlig.

Leasachadh san àm ri teachd:

Leanaidh Seirbheis Eadar-mhìneachaidh is Eadar-theangachaidh na Comhairle air adhart le bhith ag obair le luchd-obrach a nochdas ùidh ann am briathran Gàidhlig a bhith mar phàirt de na puist-d aca.

Gealladh 34:

Thoir a-steach ainmean-sgrìobhte dà-chànanach air puist-d agus air teachdaireachdan clàraichte dha luchd-obrach a tha an sàs ann an obair co-cheangailte ri FTMG is PG.

Adhartas:

Tha cinn-sgrìobhaidh Ghàidhlig ceangailte ris na puist-d aca a-nis aig luchd-obrach iomchaidh a tha gu cunbhalach an sàs ann an obair co-cheangailte ris a' Phlana Ghàidhlig.

Leasachadh san àm ri teachd:

Leanaidh Seirbheis Eadar-mhìneachaidh is Eadar-theangachaidh na Comhairle orra le bhith ag obair le luchd-obrach a nochdas ùidh ann a bhith a' cuir teachdaireachdan Gàidhlig anns na puist-d aca.

C. Inbhe Cànan.**Gealladh 35:**

Nuair a bhios cothrom ann an ath thuras air ath-bhrannadh na Comhairle, tha a' Chomhairle a' gealltainn gun cuir iad eadar-theangachadh Gàidhlig do phrìomh shuaicheantas corporra na Comhairle.

Adhartas:

Tha a' Chomhairle air an gealltainn seo a dhèanamh. Chaidh maoin GLAIF fhaighinn airson Cùirt Waverley ach feumar oifigear ùr ainmeachadh gus dèanamh cinnteach gun tèid seo a choileanadh.

Leasachadh san àm ri teachd:

Deasaich dreachd de shuaicheantas na Comhairle far a bheil an ceann-sgrìobhaidh air eadar-theangachadh gu Gàidhlig. Tha eadar-theangachaidhean Gàidhlig ann airson gach ceann-sgrìobhaidh buntainneach. Thoir a-steach cinn-sgrìobhaidh do gach stuth Comhairle buntainneach nuair a bhithear a' toirt stuthan ùra a-steach.

Gealladh 36:

Dèan conaltradh le ùghdarrasan ionadail eile a tha ann an com-pàirt mu na beachdan aca a thaobh soidhnichean Gàidhlig ùr 'Fàilte gu Dùn Èideann' a thoirt a-steach.

Adhartas:

Chaidh a' chiad choinneamh a chumail eadar a' Chomhairle agus Còmhdhail Dhùn Èideann mu bhith ag adhartachadh cleachdadh agus ìomhaigh shoidhnichean Gàidhlig, ach cha tàinig co-dhùnadh sam bith às sin fhathast.

Leasachadh san àm ri teachd:

Comataidh Poileasaidh is Ro-innleachd Corporra – 17 Cèitean 2016 Duilleag 18

Thèid àrd oifigear ainmichte taobh a-staigh na Seirbheis Còmhhdail is Dealbhaidh aithneachadh gus an obair seo a thoirt air adhart.

Gealladh 37:

Thoir a-steach soidhnichean dà-chànanach sa Ghàidhlig aig goireasan iomchaidh na Comhairle, leithid togalaichean FTMG, nuair a bhios feum air feadhainn ùra no an fheadhainn a th' ann ùrachadh.

Adhartas:

Chaidh soidhnichean a dhealbhadh le sgoilearan airson Taobh na Pàirce.

Leasachadh san àm ri teachd:

Beachdaich air tuilleadh solar aig ASSG agus prìomh thogalaichean na Comhairle. Bu chòir don t-Seirbheis Riaghladh Ghoireasan ùr beachdachadh air obair nan sgoilearan a chleachdadh airson seo airson teachdaireachdan Gàidhlig sìmplidh a 'shìneadh a-mach' airson ionadan-fàilteachaidh. Dèan obair le com-pàirtichean gus a bhith ag aithneachadh chothroman airson soidhnichean dà-chànanach aig prìomh làraichean cultarail is turasachd m.e. Caisteal Dhùn Èideann, Pàrlamaid na h-Alba, Stèiseanan Rèile agus Leabharlannan Nàiseanta. Thèid comhairle foillsichte Bòrd na Gàidhlig a thaobh cleachdadh èifeachdach shoidhnichean a chleachdadh.

D. Corpas Cànan

Gealladh, Adhartas agus Leasachadh san àm ri teachd

Chaidh gnìomhan san raon seo gu ìre mhòir a libhrigeadh agus chaidh an clàradh anns a' chiad aithisg dearcnachaidh reachdail.